



ALBA | CHRUTHACHAIL

# Crannchur Nàiseanta Maoin Phrògraim Leudaichte

**Stiùireadh do luchd-tagraidh**

Air fhoillseachadh san Gearran 2023



Awarding funds from

**THE NATIONAL LOTTERY®**

# Clàr-innse

- 3 - Geàrr-iomradh
- 3 - Carson a tha a' mhaoin ann?
- 4 - Fios do Bhuidhnean a tha a' sireadh Taic-airgid Seachad air Aon Bhliadhna
- 4 - Dè seòrsa gnìomhachd dan toir Maoin Phrògram Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta taic?
- 5 - Dè na riaghailtean maoineachaidh a chleachdas sinn gus tagradh a mheas?
- 6 - Rudan ris nach cur a' mhaoin taic
- 8 - Cò a dh'fhaodas / nach fhaod tagradh?
- 9 - Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?
- 9 - Cuin a dh'fhaodas mi tagradh?
- 10 - Cuin a nì mi tagradh?
- 10 - Dè cho fad 's a bheir e co-dhùnadh fhaighinn?
- 10 - Cuin a nì sibh ur tagradh?
- 10 - Cia mheud tagraidh as urrainn dhomh a dhèanamh?
- 11 - Mura tèid leam, am faod mi ath-thagradh a dhèanamh?
- 12 - Ciamar a chuirear iarrtas a-steach
- 13 - A' lìonadh na bileag air-loidhne
- 14 - Mun bhuidhinn agaibh
- 14 - Mun phrògram agaibh
- 14 - Riaghailtean Maoineachaidh – Càileachd agus Miann adhartais
- 15 - Riaghailtean Maoineachaidh – Conaltradh
- 16 - Riaghailtean Maoineachaidh – Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion ghabhalachd
- 17 - Riaghailtean Maoineachaidh – Seasmhachd Àrainneachd
- 17 - Riaghailtean Maoineachaidh – Obair Chothromach
- 18 - Riaghailtean Maoineachaidh – Eadar-nàiseanta
- 19 - Stiùireadh agus Cunnart
- 19 - Buidseat
- 21 - Sgrìobhainnean taic agus fiosrachadh a bharrachd
- 22 - Pròiseas Co-dhùnaidh
- 23 - Co-dhùnadh Maoineachaidh
- 24 - Ceistean Bileag Tagraidh
- 28 - Eàrr-ràdhan

# Cunntas

- 'S e Maoin Phrògraim Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta cothrom ùr ionmhais le ùine cuingichte do bhuidhnean ealain agus cultair **a chuireadh air chois sa Ghearran 2023.**
- Thathas ag amas air cothrom a chruthachadh do bhuidhnean neo-phrothaid taic nas maireannaich fhaighinn na gheibhear san aimsir seo tro [Maoin Fhosgailte a' Chrannchuir Nàiseanta do Bhuidhnean](#), aig àm nuair a thathas 's dòcha a' dèanamh tagraidh do Phrògram Maoineachadh Iomadh-Bhliadhna Alba Cruthachail.
- Faodaidh tagraichean freagarrach cur a dh'iarraidh taic eadar **£100k - £200k airson prògram de thachartasan cruthachail a leanas eadar 18-24 mìosan.**
- Faodaidh a' mhaoin taic a chur ri buidhnean a tha a' sireadh taic gus **prògram de thachartasan ma choinneamh sluaigh** a thoirt seachad – leithid prògraman gailearaidh, ceàrnaidh no ionad ealain, no airson fèis ealain no cultair ullachadh no a chur an gnìomh.
- Faodaidh a' mhaoin cuideachd taic a chumail ri buidhnean **prògraman de ghnìomhan leasachadh** a thoirt seachad a tha fosgailte agus ri fhaotainn don choimhearsnachd chruthachail san fharsaingeachd.
- Measar a' mhaoin a-rèir **6 prìomh feartan**, nam measg cuimseachadh a bharrachd air **co-ionannachdan, obair chothromach agus seasmhachd àrainneachd.**
- Faodar tagraidhean a dhèanamh air **ar làrach tagradh air-loidhne.**
- Bidh stuthan stiùiridh mu maoin rim faotainn ann **am farsaingeachd cruthan ruigsinneach** mar thaic do àireamh cho mòr de thagraidhean agus a ghabhas.
- Tha cuingealachadh ùine aig a' mhaoin. Aon uair is gun cuirear air chois i, bidh a' mhaoin fosgailte gus gabhail ri tagraidhean uair sam bith **gus an dùin a' mhaoin aig 14 Samhainn 2023.**
- Gheibh tagraichean **co-dhùnadh** mun tagradh aca **am broinn 16 seachdainean** bho rinn iad tagradh.

- Air sgàth nan clàran-ama an cois na maoin seo a thoirt seachad, cha bhi ann ach **aon chothrom tagradh a dhèanamh** - mura tèid leotha chan fhaodar tagradh eile a dhèanamh.

Tha sinn a’ sùileachadh gum bi farpais mhòr ann airson na maoin seo agus i ag amas air taic a chur ri iomadh seòrsa gnìomh. Gus an dèanar co-dhùnaidhean fiosraichte a thaobh dè na dèanadais ris an toir sinn taic, feumaidh tagraidhean fios mionaideach a chumail ruinn gus am faigh sinn air na co-dhùnaidhean as fheàrr a dhèanamh a rèir nan riaghailtean foillsichte againn.

## **Buidhnean a tha a’ sireadh Maoineachaidh Iomadh-Bhliadhna**

Bheirear Maoin Phrògraim Leudaichte a’ Chrannchuir Nàiseanta seachad ann an 2023 agus Alba Chruthachail a’ leantainn oirre le a h-ath chuairt de mhaoineachadh ùine fhada, iomadh-bhliadhna do bhuidhnean a phlanadh agus a thoirt seachad. Thig naidheachdan a bharrachd mu Mhaoineachadh Iomadh-Bhliadhna rè 2023, agus bu chòir buidheann sam bith le ùidh naidheachd fhaighinn a h-ainm a chur ri [iris Alba Chruthachail air an làrach lììn againn](#).

Cha chur tagradh do Maoin Phrògraim Leudaichte a’ Chrannchuir Nàiseanta bacadh air tagraidhean bho bhith a’ beachdachadh air tagradh a dhèanamh san ùine ri teachd airson Maoineachaidh Iomadh-Bhliadhna.

## **Dè seòrsa gnìomhachd dan toir Maoin Phrògraim Leudaichte a’ Chrannchuir Nàiseanta taic?**

‘S e amas na maoin taic a chumail ri prògram 18-24 mìosan de ghnìomhan, an àite pròiseictean fa leth.

Measaidh sinn **pròiseact** fa leth mar rudeigin le toiseach, meadhan agus crìoch soilleir, gun dùil ri bhith a’ leantainn no a bhith a’ dol a-rithist seachad air ùine ainmichte a’ ghnìomh.

Measaidh sinn **prògram** mar sreath de ghnìomhan a tha nam pàirtean de nì nas motha agus a tha na chruinneachadh de dh’obair a leanas san ùine fhada. Gabhaidh a’ Mhaoin Fhosgailte do Bhuidhnean ri tagraidhean airson taic don **dà chuid pròiseictean agus prògraman**. Cha ghabh a’ Mhaoin Phrògraim Leudaichte ach ri tagraidhean airson **prògraman**.

Chìthear eisimpleirean gu h-ìosal den t-seòrsa prògram ris an cur a’ mhaoin taic. Chan eil an liosta seo iomlan agus thathas ga toirt seachad mar iùil do thagraidhean

dè seòrsa gnìomhan a tha freagarrach airson tagraidh.

### **Faodaidh a' mhaoin taic a chur ri:**

- prògram leantainneach ionad ealain, ceàrnaidh, gailearaidh no làrach cruthachail agus nan goireasan gus am prògram seo ullachadh thairis air 18-24 mìosan
- dà bhliadhna de fèis ealain bhliadhnail, no bliadhna ullachaidh agus bliadhna tachairt fèis ealain a thachradh gach dà bhliadhna
- prògram 18-24 mìosan de meantoradh, trèanadh agus/no leasachadh sgilean do luchd-ealain agus luchd-obrach cruthachail
- prògram 18-24 de mhuinntireas neach-ealain
- prògram 18-24 mìosan de gnìomhachd ealain ag obair còmhla ri buidhnean no coimhearsnachdan sònraichte
- prògram 18-24 mìosan de ghnìomhachd a ghabhas a-steach ullachadh obair ùr le dùil a chur air beulaibh an t-sluaigh

## **Dè na riaghailtean maoineachaidh a chleachdas sinn gus tagradh a mheas?**

Bidh sinn a' lorg sia prìomh buaidhean ann an tagradh – tha còig dhiubh riatanach, agus aon a rèir roghainn. Feumaidh tagraidhean innse dhuinn ciamar a fhreagras am planaichean air na leanas:

- **Sàr-mhathas agus Miann adhartais:** taic do dhaoine agus buidhnean a tha ag obair ann an ealain agus cruthachalachd gus obair a dhèanamh de dh'ìnbhe agus miann adhartais a chuireas ri beatha ann an Alba do na h-uile.
- **Conaltradh:** gum faicear tuilleadh dhaoine bho air feadh ar coimhearsnachdan a' dol an lùib agus a' cur luach ann am farsaingeachd gnothaichean ealain cruthachail.
- **Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd:** a' toirt taic do bharrachd iomadachd de dhaoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachd cruthachail, agus ag adhartachadh co-ionannachd chothroman airson cruthachadh, com-pàirteachadh agus dol an sàs.
- **Seasmhachd Àrainneachd:** a' cuideachadh leis an strì ri èiginn na gnàth-shìde agus a' cumail taic ri fàs gnìomhachasan cruthachail seasmhach air feadh Alba.

- **Obair Chothromach:** a’ coiteachadh airson pàigheadh, cumhaichean agus cothroman cosnaidh cothromach air feadh na roinne cruthachail.
- **Eadar-nàiseanta (a rèir roghainn do thagraidhean a bhuineas do ghnìomhachd eadar-nàiseanta):** a’ dealbhachadh dòighean ùr-ghnàthach agus seasmhach gus co-obrachadh eadar-nàiseanta a neartachadh agus iomlaid ealain agus cultarach adhartachadh.

Measaidh sinn cuideachd cunnartan stiùiridh agus ionmhais an cois ur tagraidh, a rèir an fiosrachaidh a bheirear seachad nur tagradh agus nur buidseit prògram.

Airson tuilleadh fiosrachadh mu na riaghailtean sin, carson a tha iad cho cudthromach agus a thaobh nam buil dan cur iad, thigibh do ar [làrach-lìn](#).

## Rudan ris nach cur a’ mhaoin taic:

Tha cuid de ghnìomhan sònraichte ann ris nach cur sinn taic tron mhaoin seo, chan eil iad gu lèir air an liosta seo:

- Pròiseactan fa leth, **le builean cuingichte taobh muigh na buidhne agaibh fhèin**, leithid pròiseict leasachaidh a tha a’ cuimseachadh air a’ bhuidhinn agaibh fhèin.
- Gnìomh nach eil **ceangailte ri dleastanas Alba Cruthachail** taic a chumail ri na roinnean ealain, cultarach agus cruthachail.
- **Dèanadais a ghabh àite mar-thà** no a tha air clàr-ama airson tachairt mus ruig sinn co-dhùnadh mun tagradh agaibh.
- **Cosgaisean gnìomhachais tòiseachadh** do gnìomhachasan ùra.
- **Pròiseictean no gnìomhan film, sgrìn no telebhisean:** Chan airidh riochdachadh agus sgaoileadh filmichean no stuth craobh-sgaoilidh gnìomh bheò, beò-dhealbhadh no fiosrachaidh a nithear gu cruthachail airson sgaoileadh coimearsalta RA agus/no Eadar-nàiseanta tro sianail sam bith air taic tron mhaoin seo agus bu chòir buidhnean sam bith a tha ag iarraidh taic do na pròiseictean sin tadhal air [làrach-lìn Sgrìn Alba](#).

Ma bhuineas am prògram do stuth film no bhideo, beò-dhealbhadh agus fuaim neach-ealain far as e film/bhideo/beò-dhealbhadh/fuaim meadhan obair an neach-ealain (leithid film neach-ealan-shùla, fiosrachadh cruthachail a tha a’ gabhail a-steach luchd-ealain, dannsa do/air sgrìn, filmichean facal a labhairt, podcastan cruthachail, dràma radio fo stiùir neach-ealain agus ealan fuaime)

faodaidh buidhnean tagradh a dhèanamh tron mhaoin seo.

- Gnìomh a bhuineas do **fhoghlam acadaimigeach ann an Àrd Foghlam no Foghlam Adhartach**, a’ gabhail a-steach ionmhas do ghnìomhan fo stiùir no a’ gabhail a-steach oileanaich làn-ùine, airgead do chosgaisean teagaisg FE/HE, no pròiseictean a tha nam pàirt de chùrs chlàraichte no gnìomh bun churraicealam.
- **Ealain choitcheann no gnìomhan cruthachail ann an sgoiltean.** Gabhaidh gnìomh fo stiùir neach-ealain a tha a bharrachd air toirt seachad bun churraicealam agus a nochdas obair chom-pàirteachail shoilleir ma thig an tagradh bho bhuidhinn fhreagarrach ealain agus ma chuireas an gnìomh ri na ionnsaichear.
- Gnìomhan foillseachaidh no podcast a chuireas taic ri **obair acadaimigeach, naidheachd no fiosrachaidh.** Gabhaidh seo a-steach obair a nithear airson cinn-uidhe foghlaim, agus obair nach eil a’ cuimseachadh bho thùs air freagairtean cruthachail dhan chuid susbaint.
- **Obair togail aig ìre mhòr no sgrùdaidhean so-dhèantachd** airson pròiseictean togail.
- **Ionmhas do uidheamachd a-mhàin.**
- **Gnìomh a nithear gus prothaid a dhèanamh** agus gun bhuannachd phoblach shoilleir.
- Ionmhas a tha mar phrìomh amas a’ sireadh **maoin gus airgead a thionail a chum adhbhairean eile.**
- **Cosgaisean eadar-theangachadh do luchd-foillseachaidh eadar-nàiseanta.**
- **Fèin-foillseachadh** (ach a-mhàin anns na h-Ealain-shùla).
- **Dèanadas a ghabhas àite taobh muigh na h-Alba** fo stiùir tagraichean a tha stèidhichte taobh a-muigh na h-Alba, gun chom-pàirtichean stèidhichte ann an Alba na lùib.
- **Gnìomhan eile far am biodh e na bu fhreagaraiche dhaibh taic fhaighinn bho phrògram maoinachadh Alba Cruthachail no Sgrìn Alba eile.** Nam measg, tha:
  - Riochdachaidhean a bhiodh airidh air a’ Mhaoin Turais airson Dealbhan-cluiche agus Dannsa – faodaidh a’ mhaoin seo taic a thoirt do chompanaidhean

cluiche/dannsa iomchaidh a tha ag ullachadh prògram obrach ùr do luchd-coimhid, ach cha ghabh taic a thoirt do chosgaisean siubhail às deidh sin.

- Pròiseictean ceòl òigridh a bhiodh freagarrach don Iomairt Ciùil Òigridh
- Pròiseictean Film/telebhisean/sgrìn a bhiodh freagarrach do mhaoin Sgrìn Alba

- **Gnìomh a fhuair taic mar-thà bho mhaoin Alba Cruthachail/Sgrìn Alba** (bho Mhaoin fhosgailte a' Chrannchuir Nàiseanta do Bhuidhnean, Maoin Phrògram Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta no prògram Alba Cruthachail/Sgrìn Alba sam bith eile) agus a tha a' sireadh tuilleadh airgid bharrach.

Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh, agus sibh airson dèanamh soilleir a bheil sibh no ur pròiseict freagarrach, no ma thathas airson bruidhinn mu ceistean eile mun mhaoin seo, cuiribh fios gun t-Seirbheis Cheist againn.

Post-d: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

## Cò a dh'fhaodas tagradh?

Leis gu bheil a' mhaoin a' tighinn bhon Chrannchur Nàiseanta agus rùn roimpe taic a chur ri gnìomh a chum math an t-sluaigh, faodaidh buidheann suidhichte neo-phrothaid ealain, cruthachail, culturach sgaoilidh sam bith a tha stèidhichte ann an Alba tagradh a dhèanamh.

Faodaidh buidhnean sgaoilidh neo-phrothaid stèidhichte taobh muigh Alba, ach a tha ag obair le uallach don RA gu lèir, tagradh ma bhios a' mhaoin airson gnìomhan a ghabhas àite ann an Alba, agus a bhios gu buannachd do dhaoine ann an Alba.

Faodaidh tagraichean neo-phrothaid eile stèidhichte taobh muigh Alba beachdachadh cur a dh'iarraidh taic ma bhios iad ri gnìomh a thachras ann an Alba, iad ag obair còmhla ri com-pàirtichean stèidhichte ann an Alba, agus comas aca sealltainn gu bheil an obair gu buannachd an fheadhainn a tha stèidhichte an seo (as bith an iad luchd-coimhid no a' choimhearsnachd chruthachail).

**Feumaidh** cunntas banca RA fo ainm na buidhne tagraidh fhèin a bhith aig na buidhnean gu lèir a nì tagradh.

Thoiribh fa-near mar phàirt de dh'Aonta Taigh Bhòid Riaghaltas na h-Alba, bho 1 Iuchar 2023 feumaidh buidhnean gu lèir a nì tagradh airson maoin bho Alba Chruthachail co-dhiù an fhìor Thuarastail Bith-beò a thoirt do luchd-obrach air am fastadh gu dìreach.



## Cò nach fhaod iarrrtas a chur a-steach?

Thoiribh fa-near nach eil an liosta seo iomlan.

- Companaidhean a sgaoileas prothaidean, leithid companaidhean earranta no companaidhean gun ghlas so-mhaoin soilleir.
- Buidhnean a dh'iarrras maoin airson gnìomh nach eil ceangailte ri dleastanas Alba Cruthachail agus nach buin ri roinnean ealain, cultarach agus cruthachail.
- Buidhnean le Maoineachadh Cunbhalach bho Alba Chruthachail (RFOs). Faodaidh RFO ainmeachadh mar com-pàirtiche ann an tagradh a nì buidheann eile do Mhaoin Phrògraim Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta - ach chan fhaod RFOs tagradh a dhèanamh agus cha bu chòir gur iad a' phrìomh bhuidheann a gheibh maoin sam bith a bheirear.
- Buidhnean stèidhichte taobh muigh na h-Alba a dh'iarrras maoin airson gnìomh a ghabhas àite taobh muigh na h-Alba.
- Buidhnean ann an làmhan luchd-trusaidh nam fiach.
- Buidhnean, comainn no còmhlain neo-stèidhichte de luchd-ealain (bu chòir dhaibh tagradh a dhèanamh tron Mhaoin Fhosgailte do Dhaoine fa Leth).
- Daoine fa leth agus Neach-malairt Aonair.

## Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?

Faodaidh tagraichean freagarrach cur a dh'iarraidh taic eadar **£100k - £200k** (gun chosgaisean freagarrach ruigsinneachd) airson prògram de thachartasan cruthachail a leanas eadar **18-24 mìosan**.

Ma thathas ag iarraidh nas lugha na £100k agus/no airson prògram a thoirt seachad nas giorra na 18 mìosan thigibh gu [Maoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchuir Nàiseanta](#).

Chan fhaod tagradh cur a dh'iarraidh tuilleadh air £200k agus/no 24 mìosan tron mhaoin seo.

## Cuin a nì mi tagradh?

Fosglaidh a' mhaoin **do thagraidhean bho Diciadain 15 Gearran 2023 aig 2f.**

Faodaidh buidhnean freagarrach tagradh a dhèanamh uair sam bith gus **an dùin a' mhaoin aig 2f Dimàirt 14 Samhainn 2023.**

## Dè cho fad 's a bheir e co-dhùnadh fhaighinn?

Ma bhios ur tagradh, aon uair is gun dèanar e, làn, iomlan agus freagarrach, cluinnidh sibh an co-dhùnadh **am broinn 16 seachdain** ro rinneadh e.

Thoiribh fa-near: Ma thathas a' tagradh eadar an t-Sultain agus an t-Samhainn 2023, gun toir dùnadh oifisean air sgàth saor-làithean poblach thairis air àm na Nollaige buaidh air na clàran-ama sin. Thoiribh sùil air an làrach-lìn againn aig an àm seo airson fiosrachaidh.

## Cuin a nì sibh ur tagradh

Nur tagradh iarrar oirbh 'ceann-là tòiseachadh' innse mun ghnìomh agaibh. Feumar ur ceann-là tòiseachaidh a bhith as dèidh a' chinn-là nuair a chluinneas sibh an co-dhùnadh mun tagradh agaibh agus molaidh sinn gu làidir tìde a bharrachd fhàgail cùmhnantan airgid a lìonadh agus iomlaid, agus airson a' chiad phàigheadh den tabhartas a dhèanamh. Gabhaidh na pròiseasan 2-4 seachdain mar as trice bhon àm nuair a dh'innsear dhuibh mar a chaidh ur tagradh.

Tha na clàran-ama sin stèidhichte oirbh fhèin a bhith a' cur a-steach an fhiosrachaidh gu lèir a tha a dhìth aig àm an tagraidh. Ma tha fiosrachadh sam bith a dhìth no mura h-eil an tagradh iomlan, faodaidh seo dàil a chur dhan phròiseas agus cha thòisich an clàr-ama gum am measar an tagradh agaibh iomlan.

## Cia mheud tagraidh as urrainn dhomh a dhèanamh?

Chan fhaod tagraichean ach **aon tagradh** a-mhàin a dhèanamh do Mhaoin Phrògraim Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta eadar toiseach na maoine sa Ghearran 2023 agus a' mhaoin a' dùnadh san Samhain 2023. Tha an clàr-ama gus a' mhaoin a' ciallachadh nach fhaod sinn leigeil le tagraichean tagradh a bharrachd no ath-thagraidh a dhèanamh.

Ma thathas mar-thà a’ faighinn taic san àm seo bhon **Maoin Fhosgailte: Leasachadh Cruthachail Seasmhach** agus/no **Maoin Fhosgailte a’ Chrannchuir Nàiseanta Airson Buidhnean**, faodar tagradh a dhèanamh fhathast don mhaoin.

Ma thathas mar-thà a’ faighinn dà thaic bhon **Maoin Fhosgailte: Leasachadh Cruthachail Seasmhach** agus/no **Maoin Fhosgailte a’ Chrannchuir Nàiseanta Airson Buidhnean**, – no ma thathas mar-thà a’ faighinn taic san àm seo agus a’ feitheamh fios mu thagradh eile – chan fhaodar tagradh a dhèanamh don mhaoin seo gus am bi fear de na pròiseictan/tagraidhean sin dùinte agus pàipearan iomchaidh co-cheangailte ri crìoch phròiseict gan toirt seachad agus iad crìochnaichte.

**Thoiribh fa-near: ma thathas a’ faighinn ionmhais bhon mhaoin seo:** gum faodar fhathast tagradh a dhèanamh do [Maoin Fhosgailte a’ Chrannchuir Nàiseanta Airson Buidhnean](#), ach chan fhaodar ach aon thagradh a dhèanamh don mhaoin sin agus feumar gur ann airson pròiseact gu tur ùr, fa leth agus air leth bhon fhear bhon do rinneadh tagradh (no a fhuaras ionmhas) tro Maoin Fhosgailte a’ Chrannchuir Nàiseanta.

## **Mura tèid leam, am faod mi ath-thagradh a dhèanamh?**

Chan fhaod. Le na clàran-ama co-dhùnaidh leudaichte airson Maoin Phrògraim Leudaichte a’ Chrannchuir Nàiseanta cha leigear le tagraichean neo-shoirbheachail ath-thagradh a dhèanamh.

Ma ghabhas tagradh neo-shoirbheachail atharrachadh gus am freagair e air riaghailtean na Maoine Prògraim Leudaichte a’ Chrannchuir Nàiseanta, faodar beachdachadh air tagradh. Thoiribh fa-near gun toir e taic suas ri £100k airson gnìomh a sheasas suas ri 18 mìosan.

# Ciamar a nithear tagradh

## Am foirm iarrtais air-loidhne againn

Nithear tagradh airson Maoin Phrògraim Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta tro làrach air-loidhne Alba Cruthachail.

[my.creativescotland.com](http://my.creativescotland.com)

Thoiribh sùil air ar làrach-lìn gus am bithear cinnteach gu bheileas a' cleachdadh an deasachaidh as ùire den stiùireadh againn.

### **An do rinn sibh tagradh ri Alba Chruthachail leis ar làrach air-loidhne agus sibh clàraichte againn mar-thà?**

Faodar a-rèist dìreach ceangal ris an làrach, bruthaibh air 'Ionmhas' agus 'Maoin Phrògraim Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta' a thaghadh a-mach às an taghadh de phrògraman maoin eachaidh a tha fosgailte an-dràsta ri tagraidhean.

### **An e tagraiche ùr a tha annaibh no neach a tha a' clàradh air an làrach air-loidhne airson a' chiad turus?**

Feumaidh sibh cunntas a dhèanamh don bhuidhinn agaibh. Rachaibh gu [my.creativescotland.com/signup](http://my.creativescotland.com/signup).

Nuair a bhios sibh ri clàradh iarrar oirbh sgrìobhainnean oifigeil a thoirt seachad mar fhianais dè seòrsa companaidh a tha agaibh. Gabhaidh iad sin ùrachadh rè a' phròiseis tagraidh agus feumar iad gus tagradh a dhèanamh.

Aon uair is gu bheileas air an tagradh a chuir a-steach, gheibh sibh post-d barantachaidh gus an cunntas a dhearbhadh, faodar an uairsin clàradh a-steach agus cumail a' dol mar a mhìnichear gu h-àrd. Fhad is a choileanas sibh ur tagradh, faodar obrachadh air dreachd de ur tagradh air-loidhne, sabhalaibh e fhad is a thathas a' dol air adhart agus tilleadh thuige uair sam bith mus cuirear a-steach e.

### **Taic a dhìth agus sibh a' lìonadh am foirm iarrtais air-loidhne?**

Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh gus an tagradh air-loidhne a choileanadh air sgàth ciorram no feum ruigsinneachd, faodar bruthadh air putan cuideachaidh 'Cuideachadh Ruigsinneachd' san làrach air-loidhne.

Ma bhruthar seo thig fios gun Sgioba Ceist againn mu na feumalachdan agaibh is chan fhada gus an cur neach-fastaidh fios thugaibh.

# A' lìonadh na bileag air-loidhne

## Ro-ràdh

'S e na leanas geàrr-chunntas de na tha sinn ag iarraidh innse dhuinn sam foirm air-loidhne.

## Freagarrachd

Iarraidh a' chiad phàirt den phròiseas tagraidh fiosrachadh bhuaibh feuch am freagair sibh air na riaghailtean freagarrachd bunaiteach. Coinnichidh na tagraichean gu lèir ri na h-aon iarrtasan air an ìre seo, chan eil diofar ann a thaobh dè na thathas ag iarraidh de dh'ionmhas no dè seòrsa prògram/gnìomh a thathas a' planadh.

Mura coilean sibh gin idir de na riaghailtean airson freagarrachd, chan fhaigh sibh air cumail a' dol le ur tagradh.

Aon uair is gum bithear deiseil den ìre seo, faodar leantainn oirbh gu dìreach gus obair air ur tagradh.

## A' Freagairt air na Riaghailtean

Measar tagraidhean do Mhaoin Phrògram Leudaichte a' Crannchuir Nàiseanta a rèir sia riaghailtean (fear dhiubh a rèir roghainn) agus measadh cunnart, mar a leanas:

- Càileachd agus Miann adhartais
- Conaltradh
- Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd
- Seasmhachd Àrainneachd
- Obair Chothromach
- Eadar-nàiseanta (roghainneil)
- Stiùireadh agus Cunnart

Airson tuilleadh fiosrachadh mu na riaghailtean sin, carson a tha iad cho cudthromach agus a thaobh nam buil dan cur iad, thigibh do ar [làrach-lìn](#).

Gus an tuig sinn mar a fhreagras sibh air na riaghailtean, cuiridh an làrach tagraidh air-loidhne sreath de cheistean oirbh ann an roinnean eadar-dhealaichte. Tha e cudthromach gun dèiligear ri na raointean gu lèir mun iarr sinn fiosrachadh. Mholadh sinn dhuibh smaoineachadh mu na riaghailtean, agus ma dheidhinn ciamar a tha am fiosrachadh gu lèir a thug sibh a' tighinn còmhla gus sealltainn dhuinn gum freagair ur prògram air gach fear dhiubh.

Nuair a sgrìobhar tagradh, tha e cuideachadh corra uair smaoinichadh air mar sgeulachd innse le toiseachd (dè thathas ag iarraidh a dhèanamh agus carson), meadhan (ciamar a nithear e agus cò eile a tha an sàs) agus a' chrìoch (dè bhios eadar-dhealaichte nuair a chrìochnaicheas sibh am prògram agus dè an ath rud a dh'fhaodadh tachairt).

## **Mun Bhuidhinn Agaibh**

Iarraidh sinn oirbh aithris bheag a thoirt seachad mun obair a bhios ur buidheann ris. Innsibh dhuinn beagan mu na prìomh amasan agaibh agus mun obair a rinn sibh roimhe seo. Bidh roghainn ann nas fhaide sam foirm ceangal a chur de dh'èisimpleirean den obair agaibh no a luchdachadh suas.

## **Mun Phrògram Agaibh**

San earrainn seo cuiridh sinn beagan cheistean bunaiteach oirbh mun dèanadas dam bheil sibh a' sireadh taic, leithid a' phrìomh seòrsa ealain no raointean speisealachd sam bithear an sàs agus cinn-là an tachartais agaibh. Seo cuideachd far an iarr sinn ainm agus geàrr-mhìneachadh ur tachartais.

## **Càileachd agus Miann adhartais**

San earrainn seo cuiridh sinn ceistean nas mionaidiche oirbh mun dèanadas gam bheil sibh ag iarraidh ionmhais agus ciamar dìreach a fhreagras e air ar riaghailtean a thaobh Càileachd agus Miann adhartais.

Tha sinn a' lorg beagan prìomh fhiosrachaidh san earrainn seo mu dè dìreach a bhios sibh ris, carson a tha sibh ag iarraidh a dhèanamh, agus ciamar a dh'obraicheas sibh gus am bithear cinnteach gun gabh an dèanadas àit aig sàr-ìre don fheadhainn a bhios na lùib. Innsibh dhuinn mu dheidhinn nan dòighean-obrach a bhios agaibh a thaobh susbaint ur prògraim. Mar eisimpleir, ma tha obair an lùib ur planaichean (ged bhiodh i an lùib cruthachaidh no coileanaidh) ann an no mu dheidhinn cànan no cultar a bharrachd air Beurla, cànanan dùthchasach na h-Alba nam measg, innsibh dhuinn mun seo.

Iarraidh sinn air oirbh plana prògram a luchdachadh san earrainn seo, air clàr Excel a gheibh sibh bhon làrach-lìn againn. Seo cothrom dhuibh na diofar sreathan de ghnìomh a bhios an lùib a' phrògraim agaibh – aithnichidh sinn gur dòcha gum bi tuilleadh sreathan aig cuid de bhuidhnean seach buidhnean eile, ach bheir seo an cothrom dhuibh gun an ainmeachadh sa cheist iomraidh gu h-àrd, ach innse dhuinn mun dol-a-mach agaibh san fharsaingeachd.

Iarraidh sinn cuideachd oirbh innse cò eile a bhios an sàs sa phrògram, nam measg daoine fa leth no buidhnean com-pàirteachaidh. Faodar fiosrachadh mun fheadhainn sin a luchdachadh an seo, còmhla ri fianais mu thabhartasan buidhnean com-pàirteachaidh.

Faighnichidh sinn a-nis mu dhòigh riaghlaidh ur buidhne, agus ciamar a chumas seo taic ruibh gus obair de chàileachd agus miann-adhartais a dhèanamh.

Mu dheireadh san roinn seo, faighnichidh sinn mur dòigh-obrach a thaobh a thaobh ùr-ghnàthachadh, deuchainn agus cunnart cruthachail. Tha sinn airson ionnsachadh ciamar a chumas sibh fios ruibh fhèin mu na dòighean-obrach as fheàrr, agus ciamar a ghabhas sibh ri dòighean ùra obrachadh.

'S e tomhais pearsanta a tha ann an càileachd, agus chleachd sinn mìneachadh sònraichte dhan seo, ach beachdaichidh sinn air diofar thaobh. Nam measg tha:

- cò a tha ag obair air an dèanadas, agus an t-eòlas, comasan agus/no seallaidhean a bheir iad don obair.
- ciamar a chuidicheas an obair a nì sibh gus am meudaich eòlas agus comasan an fheadhainn a tha na lùib.
- ciamar a bheir sibh piseach air na nì sibh agus na dòighean sam bheileas ag obair mar bhuidheann.
- ciamar a nì sibh amasan do ghnìomh ùr agus mar a thogas sibh air an obair a rinn sibh roimhe
- ciamar a sgrùdas agus a mheasas sibh ur n-obair gus dèanamh cinnteach gun ruig sibh ur cinn-uidhe
- ciamar a bhruidhneas sibh ri càch taobh staigh agus taobh muigh ur buidhne gus an tuig sibh am beachdan air ur buidhinn agus ur n-obair
- ciamar a thuigeas sibh dè tha an fheadhainn leis a bheil sibh ag obair a' meas mar sàr bhuilean, agus ciamar a tha sibh ag obair gus coinneachadh ri na miannan sin
- ciamar as urrainn do na daoine a tha ag obair còmhla ruibh buaidh a thoirt air cruth agus susbaint ur n-obrach

## Conaltradh

Faighnichidh sinn mu dheidhinn cò tha sibh airson ruighinn le ur prògram dèanadais. Tha sinn airson a bhith a' tuigse dè an dol-a-mach a tha agaibh còmhla riutha agus dè na dh'fhiosraicheas iad. Ma tha sibh a' cur romhaibh obair còmhla ri buidhnean sònraichte de dhaoine, tha sinne airson tuigse ciamar a dh'ullaich sibh ur dèanadas agus sibh a' toirt feart air an cuid feumalachdan. Tha sinn cuideachd ag iarraidh a bhith cinnteach gun do bheachdaich sibh air ciamar a chòrdas ur dèanadas ri daoine,

agus gu bheileas air dìon a chuir an sàs, gu h-àraid ma bhios sibh ag obair còmhla ri cloinn, òigridh no inbhich so-leònta.

San earrainn seo faighnichidh sinn mu chruth agus suidheachadh ur prògram. Tha sinn airson tuigse ciamar a bheir ur n-amasan a thaobh ruighinn air daoine buaidh air an dòigh dealbhachaidh a chleachd sibh nur prògram. Is dòcha gun toir ur n-amasan oirbh beachdachadh barrachd air daoine a ruighinn gu didseatach, dèanadais ann an làraichean sònraichte, no ur dèanadas a' gabhail àite le tuilleadh seiseanan, no iad nas giorra na chleachd, san leithid.

Tha sinn cuideachd airson tuigse de a' bhuadh a thug ur n-obair air daoine roimhe seo, agus ciamar a thug na fèin-fhiosrachaidhean sin buaidh air ur dol-a-mach san dèanadas seo.

## **Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI)**

San earrainn seo, cuiridh sinn ceistean oirbh a thaobh ciamar a bheir sibh feart air Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI) ann an diofar thaobhan de ur dèanadas.

Tha sinn airson tuigse a bheil sibh ri dòighean-obrach sònraichte a thaobh EDI nur dèanadas. Is dòcha gur iad cuspairean a bhios agaibh nur dèanadas, buidhnean sònraichte ris am bi ur dèanadas a' dèiligeadh, no taobhan eile den dol-a-mach agaibh ceangailte ri EDI gus ur dèanadas a thoirt gu buil. Iarraidh sinn tuigse ciamar a bhuineas an dol-a-mach agaibh ris an dol-a-mach nas fharsaing agaibh air ur buidhinn a thaobh EDI, agus ciamar a sgrùdas agus a dh'atharraicheas sibh ur n-obair gus am bithear cinnteach gu bheileas a' coinneachadh ri feumalachdan an fheadhainn a tha sibh airson frithealadh.

Tha sinn airson cuideachd airson tuigse ciamar bheir sibh feart air EDI agus sibh a' co-dhùnadh cò leis a dh'obraicheas sibh, agus ciamar a dh'obraicheas sibh còmhla riutha. 'S iad cuid de na nithean a dh'iarradh sibh mìneachadh an seo, mar a bheachdaicheas sibh air EDI nuair a thaghas sibh na daoine agus na buidhnean leis an obraich sibh, mar a bheachdaicheas sibh air EDI nuair a thaghas sibh ciamar a dh'obraicheas sibh còmhla ri daoine, agus mar a sgrùdas sibh ur seasamh a thaobh EDI nur buidhinn.

A-nis, tha sinn airson gum beachdaich sibh mar a thuigeas sibh na bacaidhean a bhios aig feadhainn a thaobh obair còmhla ruibh no gabhail gnothaich ri ur n-obair. Smaoinichibh feuch a bheil rudan nur dòighean-obrach, na h-àitichean far an obraich sibh, no taobhan den obair a nì sibh as dòcha a dhèanadh e duilich do dhaoine gus ruighinn no gnothaich a ghabhail.



Mu dheireadh san roinn seo iarraidh sibh plana EDI a luchdachadh. Seo luchdachadh riatanach do bhuidhinn sam bith a nì tagradh don mhaoin seo. Mura bi plana EDI agaibh mar-thà, gheibh sibh stiùireadh gus an leithid ullachadh [air ar làrach-lìn](#).

## Seasmhachd Àrainneachd

Tha dèidh againn air seasmhachd an dà chuid a thaobh dè tha sibh ris gus dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde - a bharrachd air seasmhachd ur gnìomhachais san àm ri teachd. Buinidh na ceistean san roinn seo gu sònraichte ri èiginn na gnàth-shìde, agus ar measadh air ur seasmhachd gnìomhachais suidhichte air measadh ur fiosrachadh prògram agus stiùireadh ionmhais.

Tha sinn airson tuigse a bheil taobhan sònraichte air an dèanadas a tha sibh a' moladh a bhuineas gu làidir ris a' chuspair seo. Is dòcha gum buin cuid de na cuspairean agaibh ri seasmhachd, no gu bheil sibh ag obair ann an dòighean sònraichte gus ur buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh. Innsibh mu na dòighean san tug èiginn na gnàth-shìde buaidh air an dòigh san do leasaich sibh ur dèanadas.

Tha sin airson ionnsachadh mu na dòighean sònraichte sam bheil ur buidheann a' feuchainn dha-rìreabh ri ur buaidh carboin a rèir amasan na dùthcha net neonì a ruighinn. Bu chòir dhuibh innse a bheil planaichean no poileasaidhean lùghdachadh carboin aig ur buidhinn, a bharrachd air iomairtean sònraichte dam bheil sibh nur pàirt.

Mu dheireadh, iarraidh sinn ionnsachadh mar a bheachdaicheas sibh air èiginn na gnàth-shìde san stiùireadh buidhne nas fharsaing agaibh. Ma tha dòighean-obrach sònraichte gus dèanamh cinnteach gun toirear feart air a' ghnàth-shìde nur planadh buidhne, mìnich an seo iad. Tha sinn cuideachd airson ionnsachadh cò air a tha uallach na h-obrach seo nur buidhinn, agus ciamar a mheasar agus a thomhaisear ur n-adhartas a rèir ur n-amasan.

## Obair Chothromach

Iarraidh an earrainn seo oirbh ur seasamh mu Obair Chothromach a mhìneachadh. Tuigidh sinne Obair Chothromach ann an dàimh ri poileasaidh Obrach Cothromaich an Toiseach aig Riaghaltas na h-Alba agus sinn a' beachdachadh air gach taobh den phoileasaidh seo, a' gabhail a-steach urram ann an obair, guth èifeachdach agus cothrom na Fèinne, a bharrachd air tuarastal cothromach.

An toiseach, iarraidh sinn oirbh seasamh ur buidhne a thaobh Obrach Cothromaich thairis air na prìomh phrionnsabail seo. Tha ùidh againn ciamar a bheachdaicheas sibh air Obair Chothromach a thaobh gach neach leis a bithear ag obair nur dèanadas, eadar prìomh luchd-fastaidh is cuid a bhios ag obair còmhla ruibh air

pròiseict geàrr-ùine – fiù 's mar saor-thoilich. Ma bhios com-pàirtichean coimhearsnachd no buidhnean a' cur ri susbaint ur prògraim no dèanadas, iarraidh sinn tuigse ciamar a bheir sibh càil dhaibh airson an tabhartais seo – leithid tro phàigheadh no tuarastal a bharrachd air cosgaisean no cosgais ruigsinneachd.

Faighnichidh sinn dè na poileasaidhean agus dòighean-obrach a tha agaibh a thaobh Obdach Cothromaich, agus ciamar a dh'innsear an leithid don fheadhainn a bhios ag obair còmhla ribh. Tha sinn ag iarraidh tuigse ciamar a thuigeas an fheadhainn a bhios ag obair còmhla ribh agus ciamar a bhios fios aca dè nì iad ma thèid càil ceàrr.

Agus cuiridh sinn corra cheist oirbh a thaobh mar a bhios sibh a' fastadh agus a' pàigheadh daoine. San earrainn seo innsidh sibh dhuinn mar a shuidhicheas sibh ìrean pàighidh don fheadhainn a tha ag obair còmhla ribh, a' gabhail a-steach ìrean pàighidh a chleachdas sibh a mhol an gnìomhachas. Tha sinn cuideachd airson ionnsachadh ciamar a dh'fhastas sibh daoine agus mar a nì sibh cinnteach gu bheil ur poileasaidhean fastaidh soilleir agus follaiseach.

Chan e dleastanas Alba Cruthachail a bhith ag òrdachadh ìrean pàighidh nuair a bhithear ri fastadh, ag obair le agus/no a' coimiseanadh luchd-ealain agus luchd-cleachdaidh chruthachail. Tha [Stiùireadh Ìrean Pàighidh](#), sgrìobhainn a gheibhear bho làrach-lìn Alba Cruthachail, a' trusadh tùsan stiùiridh air riaghailtean gnìomhachais, ìrean pàighidh aonaidhean agus còdan cleachdaidh bho phrìomh bhuidhnean treòrachaidh. Tha dùil againn gun toir tagraichean iomradh soilleir air ìre freagarrach de phàigheadh ghnòthachais anns na buidseatan aca nuair a nì iad tagradh don Mhaoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchuir Nàiseanta.

Thoiribh fa-near mar phàirt de dh'Aonta Taigh Bhòid Riaghaltas na h-Alba, bho 1 Iuchar 2023 feumaidh buidhnean gu lèir a nì tagradh airson maoin bho Alba Chruthachail co-dhiù an fhìor Thuarastail Bith-beò a thoirt do luchd-obrach air am fastadh gu dìreach.

## **Eadar-nàiseanta**

'S e a tha ann an Eadar-nàiseanta ach riaghailt roghainneil, seach is nach bi rùn aig gach tagraiche obrachadh gu h-eadar-nàiseanta tron dèanadas, dam bithear a' sireadh taic.

Ma bhios sibh ag obair gu h-eadar-nàiseanta, iarraidh sinne tuigse dè an dèanadas a tha seo, càite an tachair e, agus dè iad na h-amasan agaibh don dèanadas seo. Tha sinne airson tuigse ciamar a thagh sibh na làraichean seo agus com-pàirtichean ionadail sam bith, agus dè bheir na com-pàirtichean eadar-nàiseanta seo don phrògram nach gabhadh a dhèanamh ann an Alba.

Tha sinn airson tuigse dè a' bhuidh a bhiodh aig an leithid seo de dh'obair – an dà chuid don fheadhainn a ghabhas gnothaich ri ur n-obair, agus don bhuidhinn agaibh. Mu dheireadh, iarraidh sinn tuigse ciamar a fhreagras an dèanadas eadar-nàiseanta seo ri ur n-amasan a thaobh seasmhachd àrainneachd, agus seasmhachd ur gnìomhachais.

## **Stiùireadh agus Cunnart**

Iarraidh sinn ur dòigh-obrach a thuigse feuch ciamar a stiùireas sibh ur dèanadas gus am bithear cinnteach gun coilean sibh ur n-amasan. San earrainn seo bu chòir dhuibh bruidhinn mu na rinn sibh de dh'obair cheudna roimhe, còmhla ri dòighean-obrach sònraichte a ghabhas sibh gus an dèanadas a mholar an seo a stiùireadh. Iarraidh sinn cuideachd ur dol-a-mach agus eòlas air stiùireadh ionmhais a thuigse, gu h-àraidh ann an seadh ionmhas poblach a stiùireadh.

Mu dheireadh, iarraidh sinn ur dòigh-obrach a thuigse feuch ciamar a dhèiligeas sibh ri cunnart. Is dòcha cunnartan air nach cùm sibh smachd, leithid neach a' fàs tinn no, a thaobh dèanadas a-muigh, droch aimsir. Is dòcha gur e a bhios annta cunnartan a lùghdaicheas sibh fhèin, samhail dìth dhaoine a' frithealadh ur dèanadas no taisbeanadh, ris an gabh dèiligeadh tro phlana margaidheachd. Agus bidh cunnartan ann a lùghdaicheas sibh – leithid smachd air cho coltach is a bhios e gun gortaich neach an sàs nur prògram iad fhèin, le dèanamh cinnteach gun cumar deuchainnean agus coinneamhan sàbhailteachd. Anns gach suidheachadh iarraidh sinne ionnsachadh dè na prìomh chunnartan a tha ron phrògram agaibh, agus ciamar a chumas sibh smachd orra gus nach bi e cho coltach gun tachair iad agus nach toir iad buaidh air soirbheachas ur dèanadais san fharsaingeachd.

Iarraidh sinn oirbh measadh cunnairt do ur dèanadas a luchdachadh fhathast sa bhileig.

## **Buidseat**

**Nuair a lìonas sibh an earrann seo smaoinich air:**

- **A bheil am buidseat agaibh a' cothromachadh?**
- **A bheil sibh a' pàigheadh daoine gu cothromach?**
- **Ciamar a tha sibh air ur cosgaisean obrachadh a-mach?**

Anns an earrainn seo faighnichidh sinn dhuibh dè an ìre airgid a tha sibh ag iarraidh bho Alba Chruthachail agus iarraidh sinn oirbh geàrr-chunntas a lìonadh. Thèid iarraidh air a h-uile tagraiche cuideachd buidseat nas mionaidiche a thoirt seachad agus a luchdachadh suas mar sgrìobhainn taic.

Annas a h-uile loidhne buidseit, thoir nas urrainn dhuibh de mhion-fhiosrachadh mu mar a thàinig sibh chun an àireimh seo. Mar eisimpleir, airson cìsean bidh sinn airson faighinn a-mach dè an ùine a tha seo a' còmhach agus dè an ìre a mhol gnìomhachas a tha sibh air a chleachdadh; airson fastadh stiùidio no uidheamachd tha sinn airson faighinn a-mach dè cho fada 's a tha sibh a' fastadh seo agus a bheil seo stèidhichte air suim bho sholaraidhe no air tuairmse. San aon dòigh, ma tha sibh a' gabhail a-steach teachd-a-steach bho thùsan eile, leigibh fios dhuinn cò às a tha an t-airgead seo a' tighinn agus a bheil e air a dhearbhadh no ma 's e dìreach tuairmse a tha ann. Airson reic sam bith (leithid tiocaidean, leabhraichean, clàran, obair-ealain no clò-bhualaidhean), thoiribh cunntas mionaideach air cia mheud reic air a bheil seo stèidhichte agus dè an teachd a-steach airson gach reic.

Airson prògraman a tha a' gabhail a-steach ceannach uidheamachd no caiteachas calpa beag eile, iarraidh sinn beagan fiosrachaidh dhuibh air mar a thagh sibh na nithean sa bhuidseit agaibh, agus mar a bheachdaich sibh air seasmhachd àrainneachail nuair a tha sibh gan taghadh. Bu chòir dhuibh cuideachd beachdachadh air mar a tha sibh a' dèanamh cinnteach an luach as fheàrr fhaighinn bho cheannach uidheamachd sam bith, mar eisimpleir tro thairgse.

## **Nota mu Cosgaisean Ruigsinneachd**

Ma tha sibh a' gabhail a-steach cosgaisean ruigsinneachd sa bhuidseat agaibh, thoir an aire gu bheil dà sheòrsa de chosgaisean ruigsinneachd ann.

## **Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta**

Ma tha sibh fhèin, no cuid eile den prìomh luchd-compàirt an lùib cruthachaidh agus a' treòrachadh an dèanadais

- Bodhar
- le ciorram
- Uathach
- le tinneas ùine fhada no le fìor dhroch shlàinte

is dòcha gum bi cosgaisean a bharrachd agaibh a thaobh ur feumalachdan ruigsinneachd fhèin gus am prògram a thoirt gu buil. Mar eisimpleir:

- neach-mìneachaidh Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL)
- uidheamachd no bathar-bog sònraichte
- Neach-cuideachaidh Pearsanta do neach le ciorram.

Làimhsichear cosgaisean ruigsinneachd pearsanta air leth bho ur prìomh bhuidseat phrògram agus san fhoirm-iarrtais iarraidh sinn oirbh iad sin a thoirt seachad air leth,

còmhla ri aithris ghoirid ag innse dhuinn cò dha a bheir na cosgaisean taic. Thoiribh fa-near nach measar iad mar phàirt de ur tagradh airgid.

## **Cosgaisean Ruigsinneachd a' Phròiseict**

Bu chòir cosgaisean ruigsinneachd pròiseict eile a chuir ri earrann Cosgaisean a' Bhuidseit sa bhileag tagraidh, a' cleachdadh a' chinn 'Cosgaisean Ruigsinneachd a' Phròiseict'. Tha seo a' gabhail a-steach cosgaisean sam bith airson ur gnìomhachd a dhèanamh ruigsinneach do luchd-èisteachd, com-pàirtichean agus luchd-ealain, agus cosgaisean co-cheangailte ri cùram-chloinne agus dleastanasan cùraim eile.

## **Sgrìobhainnean Taic agus Fiosrachadh A Bharrachd**

Faodaidh a' mhaoin seo taic a thoirt do raon farsaing de ghnìomhachd agus chan urrainn dhuinn a h-uile suidheachadh a mhìneachadh san stiùireadh seo. Airson prògraman a tha ag iarraidh barrachd airgid no a tha nas iom-fhillte, is dòcha gum bi feum aig an oifigear measaidh air cuid de sgrìobhainnean a bharrachd gus am bi iad comasach làn mheasadh dè cho math sa tha am prògram agaibh a' coinneachadh ris na slatan-tomhais againn.

Dh'fhaodadh gum bi barrachd fiosrachaidh anns na sgrìobhainnean seo mu dhaoine còmhla ris a bheil dùil agaibh a bhith ag obair; planaichean margaidheachd; measaidhean cunnairt; no clàr-ama nas mionaidiche; – tha e an urra ri nàdar a' phrògram agaibh agus an ìre leasachaidh a tha ann an-dràsta. Chan iarr sinn oirbh ach airson sgrìobhainnean a bhiodh sinn an dùil gu reusanta a bhith agaibh aig an ìre seo de phlanadh a' phrògram no na gnìomhachd agaibh.

Tha an liosta de stuthan taice a tha a dhìth mar a leanas:

### **Aig àm clàraidh airson tagradh**

- Fianais air Seòrsa Buidheann/Companaidh/Carthannach (Riatanach)
- Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman (Riatanach)

### **Mar phàirt den tagradh agaibh**

- Plana a' Phrògram (Riatanach)
- Fiosrachadh Com-pàirtiche / CB de cho-obraichean (Roghainneil)
- Buidseat (Riatanach)
- Measadh Chunnartan (Riatanach)
- Eisimpleirean de dh'obair
- Sgrìobhainnean Taic Eile
- Poileasaidh Dìon (Riatanach, ma thathar ag obair le daoine so-leònte)

- Stuthan iomchaidh eile

## Pròiseas Co-dhùnaidh

### Dè thachras don iarrtas agam às dèidh a chuir a-steach?

#### Dìreach às dèidh a chuir a-steach:

Aon uair 's gun cuir sibh a-steach an tagradh agaibh tron làrach air-loidhne, gheibh sibh àireamh iomraidh (a' tòiseachadh CS-EPF-XXXXX-XXXX) agus thèid post-d a chuir thugaibh gus dearbhadh gu bheil sinn air ur tagradh fhaighinn. Mura faigh sibh am post-d no an àireamh iomraidh seo, thoiribh sùil air na pasganan sgudail/spam agaibh agus cuir fios chun t-Seirbheis Cheist againn.

#### A' chiad ìre, sgrùdadh airson ion-roghnachd agus iomlanachd

faodaidh seo a bhith suas ri 10 làithean obrach a rèir na tha de thagraidhean san t-siostam. Mura h-eil an tagradh agaibh coileanta, thèid fios a chuir thugaibh agus innsear dhuibh mun fhiosrachadh a tha a dhìth. Bheir sinn 10 là obrach dhuibh airson am fiosrachadh seo a thoirt seachad, air neo bithear den bheachd gu bheil an tagradh agaibh neo-choileanta agus cha tèid a mheasadh. Ma thachras seo thèid fios a chur thugaibh, leis na h-adhbharan agus cha tèid an tagradh agaibh air adhart nas fhaide.

#### Measadh oifigearan

Thèid a h-uile tagradh iomchaidh a chuir gu oifigear measaidh aig a bheil eòlas a bhuineas don iarrtas agaibh. Nì iad ath-sgrùdadh mionaideach air an tagradh. Aig an ìre seo, tha e comasach fhathast gum bi oifigear measaidh a' comharrachadh tagradh neo-dhligheach. Ma thachras seo, cuiridh sinn post-d thugaibh agus innsidh sinn dhuibh carson.

Airson a h-uile tagradh iomchaidh, bheir an t-oifigear measaidh measadh air an fhiosrachadh gu lèir a thugadh seachad. Faodaidh iad beachdan a bharrachd iarraidh bho cho-obraichean eòlach eile. Às dèidh seo, nì iad moladh a rèir a bheil an tagradh a' coinneachadh ri slatan-tomhais maoineachaidh agus prìomhachasan na maoin. Thèid am moladh seo a chur a-steach gu Pannal Maoineachaidh airson beachdachadh còmhla ri tagraidhean eile.

#### Bòrd maoinachaidh

Coinnichidh bùird maoinachaidh tron bhliadhna agus is iad na buill àrd luchd-obrach Alba Chruthachail bho air feadh na buidhne agus bidh ball den Àrd Sgioba Stiùiridh againn sa chathair. Tha buidseat suidhichte aig gach Bòrd Maoineachaidh ri riarachadh, agus tha iad ag amas air na ghabhas de thagraidhean a mhaoineachadh bhon fheadhainn air a bheilear a' beachdachadh, a mholar airson maoinachadh.

Beachdaichidh am bòrd air airidheachdan fa leth gach tagraidh mar a tha air a mhìneachadh sa mheasadh, nì iad sgrùdadh air neartan coimeasach agus buaidh gach tagraidh an co-cheangal ri tagraidhean eile, agus rannsaichidh iad na dòighean anns am faod am prògram dèiligeadh ri àrd-amasan is prìomhachasan Alba Chruthachail (mar a chaidh fhoillseachadh nar plana bliadhna), uile mu choinneamh buidseit na coinneimh sin.

Tha iarrtas airson maoinachadh an-còmhnaidh nas àirde na am buidseat a tha ri fhaotainn, agus mar sin co-dhùinidh am Bòrd dè na h-iarrtasan a tha a' tabhann an ìre as làidire airson ar slatan-tomhais maoinachaidh.

## **Co-dhùnadh Maoinachaidh**

### **Tagraidhean uile**

Goirid às dèidh don Bhòrd Maoinachaidh coinneachadh, leigidh sinn fios dhuibh mu thoradh ur tagraidh.

Tha sinn ag amas air freagairt taobh a-staigh 16 seachdainean bho chuireadh an tagradh a-steach.

### **Tagraichean soirbheachail**

Ma gheibh an tagradh agaibh maoinachadh, gheibh sibh fiosrachadh mun duais agaibh, agus cumhachan tabhartais sam bith a chuir am measadair no am bòrd maoinachaidh ris. Thèid cùmhnant maoinachaidh a thoirt dhuibh cuideachd.

*Cùmhnantan* – faodaidh am measadair no am bòrd maoinachaidh cumhachan a chur ri pàigheadh na duaise agaibh. Is iad seo rudan a dh'fheumas sibh a chur a-steach gu Alba Chruthachail gus an duais agaibh fhaighinn agus dh'fhaodadh gum bi iad nam fianais air rudeigin a dh'innis sibh dhuinn san tagradh agaibh (leithid maoinachadh bho thùs eile, no àrachas) no prìomh ìre a dh'fheumadh sibh a chrìochnachadh gus am bi am prògram agaibh comasach (leithid taghadh prìomh neach-ealain).

*Molaidhean* – 's iad seo beachdan bhon mheasadair no bhon bhòrd maoinachaidh a tha iad a' moladh dhuibh beachdachadh air gus ur cuideachadh le bhith a' coileanadh amasan a' phrògram agaibh. Chan fheum sibh sealltainn dhuinn gu bheil sibh air a' mholadh a leantainn.

Ma tha ceist sam bith agaibh mu chumhachan agus/no molaidhean, faodaidh sibh fios a chuir chun oifigear measaidh agaibh, agus bidh am fiosrachadh aca air a ghabhail a-steach leis an tairgse maoinachaidh agaibh.

### **Structar pàighidh de dhuaisean soirbheachail**

Thig pàigheadh dhuaisean a gheibhear tro Mhaoin Prògram Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta ann an trì cuibhreannan.

### **Chiad phàigheadh:**

Aon uair 's gu bheil sibh air an aonta maoin eachaidh agaibh a thilleadh agus air cumhachan sam bith a choileanadh, agus am fiosrachadh banca agaibh air a dhearbhadh, thig a' chiad phàigheadh agaibh. Bidh seo 50% den tabhartas iomlan.

### **Dàrna pàigheadh:**

Letheach slighe tron phrògram agaibh, bidh agaibh ri aithisg pròiseict eadar-amail a lìonadh agus a thilleadh a bheir fiosrachadh às ùr dhuinn air adhartas ur gnìomhachd. Thèid seo a sgrùdadh agus nuair a shoidhnicheas sibh gu soirbheachail thèid an dàrna pàigheadh de 40% den tabhartas iomlan a thoirt seachad.

### **Pàigheadh mu dheireadh:**

Aon uair 's gu bheil sibh air ur prògram a chrìochnachadh feumaidh sibh an Aithisg Deireadh Pròiseact a lìonadh gus innse dhuinn mar a chaidh am prògram, atharrachaidhean sam bith a rinn sibh air na planaichean tùsail agaibh agus a bheil airgead sam bith agaibh air fhàgail. Bidh an teampalaid Aithisg seo ri fhaighinn tron chunntas agaibh air a' phortal air-loidhne. Aon uair 's gum faigh sinn seo agus air a dhearbhadh leis an oifigear measaidh agaibh, thèid am pàigheadh mu dheireadh de 10% den tabhartas iomlan a thoirt seachad.

### **Tagraichean neo-shoirbheachail**

Mura tèid maoin eachadh a bhuileachadh air an iartas agaibh, thèid fios a chur thugaibh mu dheidhinn seo, le beagan fios air ais bhon mheasadair agus/no bhon bhòrd maoin eachaidh. Mar a chaidh a mhìneachadh roimhe seo san stiùireadh seo chan eil cothrom ann tagradh a-rithist don mhaoin seo, ach faodaidh sibh beachdachadh air cur a-steach gu Maoin Fosgailte a' Chrannchuir Nàiseanta airson Buidhnean ma tha sin iomchaidh.

## **Eàrr-ràdh – Ceistean Tagraidh**

### **Ceistean Coitcheann mur buidheann agus ur prògram**

1. Ciamar a mhìnichidh sibh na buidhnean agaibh, na h-amasan agus na prìomh ghnìomhan aca?
2. Ur Pròiseact – Àitichean (tagh a h-uile àite far an tachair ur gnìomhachd)
3. Ur Pròiseact – Prìomh Chruth Ealain (tagh prìomh chruth ealain)
4. Ur Pròiseact – Cruthan Ealain Eile (tagh cruthan ealain sam bith eile anns a' phròiseact / phrògram agaibh)
5. Dè an t-ainm a tha air a' phròiseact no a' ghnìomhachd agaibh?
6. Geàrr-chunntas air a' phròiseact no an gnìomhachd agaibh? (Mu 150 faclan)



7. Cinn-là tòiseachaidh / crìochnachaidh (tagh cinn-là tòiseachaidh is crìochnachaidh airson ur pròiseact no gnìomhachd)

### **Càileachd agus Miann adhartais**

1. Innsibh dhuinn mun phrògram gnìomhachd air a bheil sibh a' cur a-steach, a' sealltainn mar a tha e a' nochdadh càileachd agus miann na h-obrach agaibh mar bhuidheann (Eadar 1500 - 2500 faclan)
2. Dè an adhbhar a tha sibh airson a' ghnìomhachd seo a ghabhail os làimh agus ciamar a bhios e brìoghmhor dha na daoine a bhios an sàs ann? (Mu 450 faclan)
3. Innsibh dhuinn cò tha an sàs sa phròiseact seo? Ciamar a chuireas an com-pàirt aca ri mòr-mhiann agus càileachd ur gnìomhachd? Ciamar a tha ur buidheann a' toirt taic do leasachadh bheachdan, cleachdadh eagrachail agus na daoine còmhla ris a bhios sibh ag obair? (Mu 600 faclan)
4. Dè an dòigh-obrach a tha agaibh a thaobh riaghladh buidhne agus ciamar a tha seo a' cur ri mòr-mhiann agus càileachd obair na buidhne agaibh? (Mu 450 faclan)
5. Ciamar a bhios a' bhuidheann agaibh a' rannsachadh cleachdadh ùr-ghnàthach, a' gabhail ri deuchainnean, agus a' gabhail ri cunnartan? (Mu 450 faclan)

### **Conaltradh**

1. Innsibh dhuinn cò ris a bhios ur gnìomhachd an sàs, ciamar a dh'obraicheas sibh leis na daoine sin, agus mar a tha sibh am beachd an ruighinn. (Mu 600 faclan)
2. Ciamar a bheachdaich sibh air cruth agus suidheachadh nuair a bha sibh ag ullachadh ur gnìomhachd? (Mu 450 faclan)
3. Cò a tha air a bhith an sàs san obair agaibh san àm a dh'fhalbh, dè na buannachdan a thug an obair a rinn sibh roimhe seo dha na daoine/buidhnean sin, agus ciamar a tha fios agaibh? Ciamar a tha am prògram seo a' togail air na buannachdan sin no gan leudachadh gu daoine ùra? (Mu 600 faclan)

### **Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd**

1. Dè an dòigh-obrach agaibh a thaobh Co-ionannachd, Iomadachd agus Ion-ghabhail sa phrògram gnìomhachd a tha sibh a' moladh? (Mu 450 faclan)
2. Ciamar a tha sibh a' beachdachadh air Co-ionannachd, Iomadachd agus Ion-ghabhail ann an co-theacs an fheadhainn a dh'obraicheas leis a' bhuidhinn agaibh? (Mu 450 faclan)
3. Ciamar a thuigeas sibh na bacaidhean a tha air daoine a bhith an sàs san obair agaibh, agus ciamar a tha sibh ag obair gus iad sin a thoirt air falbh taobh a-staigh na gnìomhachd a tha sibh a' moladh? (Mu 450 faclan)
4. Ciamar a bhios sibh a' cumail sùil air feartan co-ionannachd an luchd-obrach, a' bhùird, an luchd-ealain barrantaichte no co-obrachail, agus an luchd-èisteachd

agaibh? Ciamar a chleachdas sibh an dàta seo gus fiosrachadh a thoirt don obair agaibh? (Mu 450 faclan)

### **Seasmhachd Àrainneachd**

1. Dè an dòigh anns a bheil sibh a' dèiligeadh ri adhbharan agus buaidhean atharrachadh gnàth-shìde taobh a-staigh a' phrògram gnìomhachd a tha sibh a' moladh? (Mu 450 faclan)
2. Dè na gnìomhan a tha sibh a' gabhail a lughdaicheas sgaoilidhean a rèir slighe gu Net Neoni? (Mu 450 faclan)
3. Ciamar a thathar a' beachdachadh air èiginn na gnàth-shìde anns na cleachdaidhean riaghlaidh agaibh? (Mu 450 faclan)

### **Obair Chothromach**

1. Innsibh dhuinn mun dòigh-obrach agaibh a thaobh Obair Chothromach ann an co-theacsa na buidhne agaibh agus na gnìomhachd a tha sibh a' moladh (Mu 450 faclan)
2. Dè na poileasaidhean no aithrisean a tha agaibh a thaobh prionnsabalan Obair Chothromach agus ciamar a tha iad sin gan cur an cèill taobh a-staigh na buidhne agaibh agus ris na daoine còmhla ris a bhios sibh ag obair? (Mu 450 faclan)

3a An e fastaiche Fìor Thuarastal Bith-beò (RLW) a tha annaibh? ('S e/Chan e)

3b Dè na h-ìrean pàighidh gnìomhachais a mholar air a bheil sibh a' toirt iomradh nuair a bhios sibh a' pàigheadh:

Luchd-obrach air Cùmhnant; Luchd-obrach Neo-cheangailte; Luchd-ealain Coimiseanaichte

3c (mura h-eil RLW ann) - A bheil sibh an dùil a bhith nur fastaiche le Fìor Thuarastal Bith-beò rè ùine a' phrògram gnìomhachd seo? (Mu 200 faclan)

4a Ma tha sibh a' fastadh dhaoine airson a' phrògram agaibh, ciamar a nì sibh cinnteach gum bi pròiseas fastaidh soilleir agus follaiseach ann a tha a' nochdadh deagh chleachdadh? (Mu 300 faclan)

4b Am bi sibh a' cleachdadh cùmhnantan gun uairean le neach sam bith den luchd-obrach fo chùmhnant? Ma bhios, mìnichibh carson a tha cùmhnantan uairean neoni iomchaidh don ghnìomhachd agaibh. (Mu 300 faclan)

4c Am bi am prògram agaibh a' toirt taic do dh'iomairtean cosnaidh sam bith?

- greisean gnìomhachais pàighte
- greisean gnìomhachais gun phàigheadh
- preantasachd pàighte
- preantasachd gun phàigheadh
- inntearnas pàighte
- inntearnas gun phàigheadh

4d Ma tha sibh an sàs ann an iomairtean cosnaidh gun phàigheadh, mìnichibh an cùl-fhiosrachadh agus an fheallsanachd airson seo (Mu 300 faclan)

### **Eadar-nàiseanta**

1. Dè an gnìomhachd eadar-nàiseanta agaibh a tha san amharc agus càite an tachair e? (Mu 600 faclan)
2. Cò na com-pàirtichean eadar-nàiseanta agaibh agus dè a bheir iad don phròiseact? (Mu 450 faclan)
3. Dè a' bhuidheachd a bhios aig ur gnìomhachd eadar-nàiseanta dhuibh fhèin, don luchd-èisteachd agaibh, do chom-pàirtichean eadar-nàiseanta agus/no do na roinnean cruthachail is cultarail san fharsaingeachd? (Mu 450 faclan)
4. Ciamar a tha an dòigh-obrach agaibh a thaobh obair eadar-nàiseanta a' buntainn ris na geallaidhean agaibh a thaobh seasmhachd àrainneachail? (Mu 450 faclan)
5. Ciamar a tha obair eadar-nàiseanta a' buntainn ri seasmhachd an gnìomhachas agaibh? (Mu 450 faclan)

### **Stiùireadh agus Cunnart**

1. Ciamar a stiùireas sibh ur gnìomhachd a tha san amharc gus dèanamh cinnteach gun coinnich sibh ris na h-amasan agaibh? (Mu 450 faclan)
2. Ciamar a nì sibh cinnteach gu bheil airgead poblach air a riaghladh gu math agus gun tèid luach an airgid a thoirt seachad? (Mu 450 faclan)
3. Ciamar a tha sibh air cunnart a chomharrachadh agus a lasachadh nuair a bhios sibh a' dealbhadh ur gnìomhachd? Ciamar a chumas sibh sùil air na cunnartan sin rè ur gnìomhachd? (Mu 450 faclan)

### **Cosgaisean Ruigsinneachd**

A bheil feum agaibh air cosgaisean ruigsinneachd pearsanta? (Tha/Chan eil)

Ma tha, dè na cosgaisean ruigsinneachd pearsanta iomlan a tha sibh ag iarraidh?

Thoiribh seachad briseadh sìos de na cosgaisean ruigsinneachd pearsanta sin.  
(Mu 200 faclan)

### **Buidseat**

Dè am buidseat iomlan a tha aig a' phròiseact/gnìomh? (gun a bhith a' toirt a-steach cosgaisean ruigsinneachd pearsanta)

Dè an ìre airgid a tha sibh ag iarraidh bho Alba Chruthachail?

A bheil uidheamachd no cosgaisean calpa beaga anns a' bhuidseit agaibh?  
(Tha/Chan eil)

- 1 Ma tha, ciamar a thagh sibh na nithean sa bhuidseit agaibh?  
(A h-uile tagraiche - mu 300 faclan)

- 2 Ciamar a bheachdaich sibh air seasmhachd àrainneachd nuair a tha sibh a' taghadh nan nithean sa bhuidseit agaibh? (A h-uile tagraiche - mu 300 faclan)

Clàr Buidseat Teachd a-steach Iomlan

Clàr Buidseat na Chosgar Iomlan

Luchdaichibh suas sgrìobhainnean taice.

## **Eàrr-ràdhan**

Gheibhear na h-eàrr-ràdhan airson na maoin seo agus fiosrachadh air mar as urrainn dhuinn taic a thoirt dhuibh gus tagradh a dhèanamh air ar làrach-lìn:

[\*\*Maoin Phrògram Leudaichte a' Crannchuir Nàiseanta | Alba Chruthachail\*\*](#)